



Fèisean nan Gàidheal
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean

Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.

Poileasaidh: Poileasaidh Àrainneachd

Tha am poileasaidh seo na phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidhean Co-cheangailte: Poileasaidh Siubhail

Adhbhar a' Phoileasaidh: Gus uallach mun àrainneachd a bhrosnachadh taobh a-staigh na buidhne, a thaobh cleachdadh cumhachd, sgudal is ath-chuairteachadh, còmh dhail is siubhal, agus sa choimhearsnachd.

Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh: A' brosnachadh agus a' cuideachadh buill Fèisean nan Gàidheal agus daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean gus piseach a thoirt agus dìon a dhèanamh air an àrainneachd, agus gus am brosnachadh a bhith cùramach mun àrainneachd.

Chaidh am poileasaidh a dhealbh le: Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 01 An Gearran 2010.

Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha): 18 An Gearran 2010.

Sgrùdadh mu dheireadh: An Gearran 2013

Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha): Sa Ghearran 2014.

Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.

Fèisean nan Gàidheal Poileasaidh Àrainneachd do Luchd-obrach agus Fèisean

Aithris Rùin

“Tha Fèisean nan Gàidheal gu gnìomhach a’ cuideachadh le bhith a’ toirt piseach air agus a’ dèanamh dìon air an àrainneachd. Tha mar a sheasas an àrainneachd san ùine a tha romhainn an urra ris na h-oidhirpean a nì sinn uile, nar n-oifisean agus nar coimhearsnachdan, gus ar dleastanas a choileanadh agus ar stòrais nàdarra a chaomhnadh.”

Poileasaidh

Tha e na amas do dh’Fhèisean nan Gàidheal piseach is dìon air an àrainneachd a bhrosnachadh sna coimhearsnachdan ionadail leis am bi iad ag obair, agus san t-saoghal air fad. Tha Fèisean nan Gàidheal a’ gabhail ris gu bheil uallach orra oidhirp a dhèanamh gus an àrainneachd a dhìon agus a leasachadh, fhad ‘s a tha iad a’ cur air adhart a’ phrìomh amais aca: a’ toirt barrachd cothrom do dhaoine air ealain, cànan agus cultar nan Gàidheal agus a’ brosnachadh barrachd spèis am measg dhaoine air dualchas na Gàidhlig tro bhith a’ cur air adhart, a’ toirt taic do agus a’ leasachadh Fèisean coimhearsnachd.

Tha Fèisean nan Gàidheal den bheachd gum bu chòir sealladh aonaichte a bhith ann air leasachadh eaconamach, leasachadh sòisealta/in-ghabhail shòisealta agus dìon is leasachadh na h-àrainneachd nuair a thig e gu leasachadh leantainneach na h-àrainneachd, air chor ‘s gum bi gach raon a’ daingneachadh càch a chèile.

Gus riaghladh buadhach àrainneachd a bhrosnachadh air feadh na buidhne, bidh Fèisean nan Gàidheal a’ toirt stiùireadh pragtaigeach do luchd-obrach is Fèisean, gus poileasaidh àrainneachd na buidhne a chur air adhart agus a dhaingneachadh agus gus aire dhaoine a thoirt do mar a chleachdar stòrais sheasmhach agus gus stad a chur air cleachdaidhean caithteach is millteach.

Gus am bi tuigse air agus gus an cuirear cuideam air dleastanasan àrainneachd na buidhne, tha Fèisean nan Gàidheal air a’ poileasaidh a roinn fo na cinn a leanas:

- Cleachdadh Cumhachd
- Sgudal agus Ath-chuairteachadh
- Còmhdhail is Siubhal
- Sa Choimhearsnachd

Tha am Poileasaidh Àrainneachd a’ cur an cèill amasan is cinn-uidhe na buidhne airson an àrainneachd a dhìon. Na lùib tha aithris “rùin” (gu h-àrd) agus fiosrachadh (gu h-ìosal) mun bhuidhinn agus mu na dòighean san tèid am poileasaidh a chur an gnìomh. Tha na h-amasan poileasaidh sònraichte a’ mìneachadh nan slatan-tomhais a tha a’ bhuidheann a’ moladh airson a bhith a’ làimhseachadh nan cùisean seo agus bidh iad sin air an daingneachadh le stiùireadh don fheadhainn ris a bheil e an urra na slatan-tomhais seo a choileanadh. Gus na molaidhean a chur an gnìomh, tha Fèisean nan Gàidheal air aontachadh ris na prìomh chinn-uidhe a leanas:

Cleachdadh Cumhachd

A’ brosnachadh gu gnìomhach oidhirpean gus an uiread cumhachd a thathar a’ cleachdadh air feadh na buidhne a lùghdachadh, an dà chuid san oifis agus ag obair sa choimhearsnachd. Nì Fèisean nan Gàidheal oidhirp fiosrachadh freagarrach a thoirt seachad, nuair a tha e ri fhaotainn, a thaobh chothroman gus cumhachd a chleachdadh le èifeachd agus le uallach airson na h-àrainneachd.

Mar eisimpleir, san oifis, tha Fèisean nan Gàidheal a’ moladh gun tèid cumhachd a chaomhnadh nuair as urrainnear. An lùib seo dh’fhaodar uidheaman dealain a chur dheth nuair nach eilear gan cleachdadh (m.e. coimpiutairean no solais ann an seòmraichean gun duine annta). Thathar cuideachd a’ moladh uidheaman a chleachdadh a chosgas dealan le èifeachd, mar bulbaichean a tha a’ cosg nas lugha de chumhachd agus uidheaman eile. San fharsaingeachd, thathar an dùil gun dèan luchd-obrach agus Fèisean oidhirpean iomchaidh gus an dealan a tha iad a’ cosg a lùghdachadh.

Eisimpleirean:

- Cuiribh uidheaman/solais dheth nuair nach eil feum orra. Tha am modh ‘stand-by’ FHATHAST a’ cosg dealan!
- Cleachdaibh bulbaichean nach eil a’ cosg an uiread cumhachd nuair as urrainnear
- Cuiribh teas chun na h-ìre cheart airson na sìde
- A’ siubhal san aon chàr/còmhdhail phoblach (faicibh gu h-ìosal)

Sgudal agus Ath-chuairteachadh

Sa chiad dol-a-mach, tha a' bhuidheann a' moladh ath-chleachdadh mar dhòigh nas èifeachdaiche, a chosg nas lugha cumhachd, na ath-chuairteachadh. Nuair as urrainnear, bu chòir sgudal, mar phàipear, a chleachdadh a-rithist mus tèid ath-chuairteachadh. Tha Fèisean nan Gàidheal a' brosnachadh gleidheadh, ath-chleachdadh agus ath-chuairteachadh nan stòras aca. Aon eisimpleir de seo 's e clò-bhualadh air dà thaobh nan duilleagan pàipeir, no faodar daoine a bhrosnachadh a bhith ag obair a dh'ionnsaigh oifis gun phàipear, tro bhith cleachdadh post-d agus teicneòlas eile.

Bu chòir luchd-obrach is Fèisean ionnsachadh mu far a bheil na h-ionadan ath-chuairteachaidh san sgìre aca agus na goireasan sin a chleachdadh mar as iomchaidh.

Eisimpleirean:

- Na dèanaibh clò-bhualadh de sgrìobhainnean air nach eil feum, a' cosg pàipear is inc
- Cleachdaibh dà thaobh a' phàipeir
- Cleach pàipear ath-chuairtichte airson pada notaichean, mssa
- Ath-chuairtichibh botail phlastaig, crogain almain is stàilinn, seann phàipear, cairt
- Dèanaibh todhar gàrraidh de sgudal mar pocanan-tì is rùsg mheasan
- Clasaichean ealain – broснаichibh "ealain sgudail" le bhith a' cleachdadh sgudal mar thiùbaichean cairt, pàipear, bogsaichean uighean, aodach, msaa, agus cuiribh sin ri fiodh-cladaich, molagan, duilleagan craobhe, no clòimh caorach. Cleachdaibh nithean nàdarra, mar crotal gus dath a chur air clòimh is aodach.

Còmhdhail agus Siubhal

Molaidh Fèisean nan Gàidheal dòighean siubhail eile seach càraichean prìobhaideach nuair a tha e iomchaidh. Nuair a thathar a' siubhal a dh'àite às leth na buidhne, bu chòir oidhirp iomchaidh a dhèanamh gus siubhal le còmhdhail poblach. Cuideachd, bu chòir daoine a bhrosnachadh a bhith coiseachd no a' falbh san aon chàr còmhla a dh'obair.

Eisimpleirean:

- Am feum sibh siubhal? An gabh "Coinneamh gun Siubhail" a chur air dòigh? M.e. Co-labhairt bhidio, co-labhairt fòn, Skype
- Cleachdaibh còmhdhail poblach nuair as urrainnear
- Siùbhlaibh san aon chàr, ma tha e iomchaidh
- Coimheadaibh air Poileasaidh Siubhail Fèisean nan Gàidheal

Sa Choimhearsnachd

Nuair a tha Fèisean nan Gàidheal ag obair ann an coimhearsnachd, nì iad oidhirp taic a chumail ri iomairtean àrainneachd ionadail, nuair as urrainnear. Cuideachd, cleachdaidh a' bhuidheann goireasan coimhearsnachd agus companaidhean ionadail nuair as urrainnear agus nuair a tha e iomchaidh. Mar phàirt de phoileasaidh nas fharsainge a thaobh dhleastanasan sòisealta, tha a' bhuidheann a' moladh ceannachd bheusach, nuair a ghabhas a dhèanamh.

Bidh Fèisean nan Gàidheal ann an co-bhuinn ris na coimhearsnachdan a' brosnachadh tuigse mu agus uallach airson na h-àrainneachd, agus a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dol an sàs ann an cùisean àrainneachd le bhith gan cur fan comhair.

Stiùireadh agus dleastanasan gus am poileasaidh a chur an gnìomh

Tha e mar uallach air Fèisean nan Gàidheal na molaidhean sa phoileasaidh seo a sgaoileadh agus a chur an gnìomh. Tha a' bhuidheann cuideachd a' tuigsinn gu bheil dleastanas, daonnan, aig luchd-obrach is buill Fèisean nan Gàidheal cumail ris an stiùireadh sa phoileasaidh seo agus an obair aca a dhèanamh ann an dòigh a nì dìon air an àrainneachd, nuair a ghabhas sin a dhèanamh gu pragtaigeach.

'S ann air Stiùiriche agus Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal a tha an t-uallach deireannach gun tèid am poileasaidh seo a chur an gnìomh.